

MG

ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE

3

AR SAOGHAL

4

AR LUACHAN

5

TUAIRISGEUL OBRACH

6

SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH

7

Facal bhon Àrd-Oifigear...

Tha sinn a' sireadh Riochdaire Didseatach airson a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh, mar chòmhachadh màthaireil. Mar Riochdaire Didseatach bidh sibh an urra ri bhith a' cruthachadh agus a' foillseachadh susbaint dhidseatach làidir airson BBC ALBA thairis air diofar ùrlaran didseatach, a' dèanamh cinnteach à conaltradh, fàs luchd-amhairc, agus co-thaobhadh le trìomhachasan ro-innleachdail.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha sinn ag atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dileab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Dòmhnaill Caimbeul
7/3/25

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Riochdaire Didseatach (Còmhdach Màthaireil)

Tiotal-obrach	Riochdaire Didseatach	Ire	C1	Uairean seachdaineil	37
---------------	-----------------------	-----	----	----------------------	----

Àite	Steòrnabhagh				
Raon tuarastail	£30,295 - £34,348				
Adhbhar	Susbaint dhidseatach làidir a chruthachadh agus fhoillseachadh airson BBC ALBA thar diofar ùrlaran didseatach, a' dèanamh cinnteach à conaltradh, fàs luchd-amhairc, agus co-thaobhadh ri prìomhachasan ro-innleachdail.				
Cunnatachail gu	Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach				
Ag obair le	<p><u>In-taigh</u> – Sgiobaidhean Coimiseanaidh, Margaidheachd, Foillseachadh Didseatach</p> <p><u>Taobh a-muigh</u> – Solaraichean bhon taobh a-muigh, co-obraichean bhon BhBC, com-pàrtichean bhon taobh a-muigh</p>				
Amasan	<ul style="list-style-type: none"> Cruthaich susbaint buadhach airson ùrlaran didseatach BBC ALBA. Meudaich conaltradh le deamografaigs 18-35 air ùrlaran didseatach BBC ALBA. Cuir taic ri brosnachadh phrògraman BBC ALBA air ùrlaran didseatach BBC ALBA a rèir ro-innleachd margaidheachd didseatach. 				
Priomh Thoraidhean	<ul style="list-style-type: none"> Fàs ann an conaltradh meadhanan sòisealta agus ruigsinneachd thar gach ùrlar. Lìbhrigeadh soirbheachail de shusbaint sanasachd agus iomairtean margaidheachd a rèir amasan ro-innleachdail BBC ALBA. Meudachadh ann an dol an sàs le agus a' sàsachadh an luchd-amhairc tro shusbaint tarraingeach, targaidhte. Dàimhean co-obrachail làidir le sgiobaidhean air an taobh a-staigh agus com-pàrtichean bhon taobh a-muigh. 				
Priomh Ghniomhan	<ul style="list-style-type: none"> Deasaich agus riochdaich stuth làitheil airson ùrlaran mheadhanan shòisealta BBC ALBA. Co-obraich le sgiobaidhean Coimiseanaidh, Margaidheachd agus Foillseachadh Didseatach gus àrdachadh agus cumail suas làthaireachd didseatach làidir airson BBC ALBA. Leasaich beachdan, stiùir agus clàr susbaint tùsail a tha air a dhealbhadh gu sònraichte do sheanailean meadhanan sòisealta ALBA. Dèanamh cinnteach gu bheil fo-thiotalan ceart, fiosrachail agus tarraingeach an cois a h-uile susbaint didseatach. Leasaich agus cuir an gnìomh planaichean susbaint ro-innleachdail. 				

- Co-òrdanachadh le companaidhean riochdachaidh gus susbaint mheadhanan sòisealta a phlanadh airson BBC ALBA.
- Cuir air dòigh *logistics* criutha agus siubhal airson meadhanan sòisealta sònraichte / clàradh susbaint didseatach.
- Dèan conaltradh le sgioba meadhanan sòisealta a' BhBC gus dèanamh cinnteach à co-thaobhadh brannda agus cuir an gnìomh ùrachaidhean ann am branndadh a' BhBC.
- Thoir seachad còmhdach do cho-obraighean didseatach eile, far a bheil feum air.

**Fad a'
chùmhaint:**

Teirm Stèidhichte airson 12 mìosan (Còmhdach Màthaireil)

Sanas

Mar Riochdaire Didseatach bidh sibh an urra ri bhith a' cruthachadh agus a' foillseachadh susbaint dhidseatach làidir airson BBC ALBA thairis air diofar ùrlaran didseatach, a' dèanamh cinnteach à conaltradh, fàs luchd-amhairc, agus co-thaobhadh le priomhachasan ro-innleachdail.

Bidh sibh an cois buidheann aig fior thoiseach solar nam meadhanan Gàidhlig, a' cumadh agus a' daingneachadh ar tabhartasan san àm ri teachd.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas agaibh air an aon seòrsa dreuchd taobh a-staigh meadhanan no àrainneachd craolaidh. Bidh sibh na ur co-obraiche fior eagraichte agus làidir le comas susbaint dhidseatach làidir a thoirt gu buil agus iomairtean èifeachdach a chuir an gniomh a bhrosnaicheas com-pàirteachadh luchd-amhairc agus brosnachadh fàs.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairean, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnaile agus 6 làithean-poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuaire aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), A' Cur Luach ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean – **Dihaoine 21 Màrt 2025**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thugse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

